

MG

ALBA

PASGAN FASTAIDH

CLAR-INNSE

FÀILTE BHON AO	3
AR SAOGHAL	4
AR LUACHAN	5
TUAIRISGEUL OBRACH	6
SGILEAN & EÒLAS	8
SANAS AGUS STIÙIREADH AIRSON TAGRADH	10

Facal bhon Àrd-Oifigear againn...


Tha beàrn-obrach againn airson Preantas Ùr-nòsach: Neach-taic Margaidheachd Didseatach a thighinn còmhla ris an sgioba againn ann an Steòrnabhagh. Mar ar preantas, bheir sibh taic do ghrunnd ghniomhan margaidheachd taobh a-staigh ar sgiobaidhean margaidheachd is didseatach, a' faighinn sgilean luachmhor bho na daoine againn thar gnothaichean didseatach, margaidheachd agus conaltradh agus a' leasachadh ur cuid eòlas.

Is e cothrom a tha seo don neach cheart a thighinn còmhla rinn fhad 's a tha a' bhuidheann againn a' dol tro chruth-atharrachadh gus coinneachadh ri feumalachdan ar luchd-amhairc agus luchd-cleachdaidh a tha ag atharrachadh gu luath.

Is e àm brosnachail a th' ann a bhith mar phàirt de rudeigin luachmhor, cruth-atharrachail agus dìleab a chruthachadh don luchd-ùidh againn san àm ri teachd.

Anns a' phasgan seo gheibh sibh an sanas, an tuairisgeul obrach, an sònrrachadh pearsanta agus stiùireadh airson tagradh a chur a-steach.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri ur tagradh.




Dòmhnaill Caimbeul
3/7/24

AR SAOGHAL



GÀIDHLIG ANNS GACH



AIRSON GACH NEACH

BBC ALBA

AR LUACHAN

CRUTHACHALACHD

Tha sinn a' comasachadh cruthachadh sàr-shusbaint Gàidhlig

LUCHD AMHAIRC

Tha sinn air ar fiosrachadh agus air ar brosnachadh le ar luchd-amhairc

ÀRD-AMAS

Tha sinn ag amas air agus a' lìbhrigeadh sàr-mhathais

CO-BHANNTACHD

Tha sinn a' coileanadh tro cho-obrachadh

SPÈIS

Tha sinn ag èisteachd; tha sinn a' brosnachadh; tha sinn cothromach



Preantas Ùr-nòsach: Neach-taic Margaidheachd Didseatach

Tiotal-obrach	Preantas Ùr-nòsach: Neach-taic Margaidheachd Didseatach	ìre	A1	Uairean seachdaineil	37
---------------	---	-----	----	----------------------	----

Àite	Steòrnabhagh				
Adhbhar	Taic a thoirt do sgiobaidhean margaidheachd is conaltraidh MG ALBA le raon de phròiseactan gus an cuid branndairean adhartachadh gu luchd-amhairc.				
Tuarastal	£21,588-23,277				
Cunntachail gu	Manaidsear Conaltradh Bhranndairean				
Ag obair le	<p><u>In-taigh</u> – Manaidsear Conaltradh Bhranndairean, Manaidsear Conaltraidh, Oifigear nam Meadhanan Didseatach, Riochdairean Didseatach, Sgioba Ionnsachadh Air-loidhne</p> <p><u>A-muigh</u> – Buidheann PR, co-obraichean Sgioba ALBA, BBC Scotland, BBC Radio nan Gàidheal, buidhnean eile a rèir phròiseactan</p>				
Amasan	<ul style="list-style-type: none"> Obraich còmhla ris na sgiobaidhean margaidheachd agus didseatach gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' coinneachadh ri feumalachdan a' bhrannd margaidheachd agus gu bheilear a' crìochnachadh a h-uile pròiseact ann an àm agus a rèir buidseit Meudaich èifeachd taobh a-staigh sgiobaidhean didseatach, margaidheachd agus conaltraidh Leasaich na tha MG ALBA a' tabhann a thaobh margaidheachd didseatach Dèan cinnteach gu bheil gnìomhan rianachd gu cunbalach ùraichte don sgioba didseatach agus margaidheachd Crìoch a chur air an Sgeama Preantasachd Ùr-nòsach taobh a-staigh clàrama sònraichte aontaichte 				
Priomh Thoraidhean	<ul style="list-style-type: none"> Meudachadh èifeachdais taobh a-staigh sgiobaidhean margaidheachd, conaltraidh agus didseatach Toradh margaidheachd ùineail, ceart, a rèir plana margaidheachd Cur ri iomairtean margaidheachd didseatach soirbheachail airson branndairean MG ALBA 				
Priomh Ghniomhan	<ul style="list-style-type: none"> Cuidich sgiobaidhean le lìbhrigeadh phròiseactan margaidheachd mòra, a' gabhail a-steach gnìomhan rannsachaidh, planadh, clàradh, conaltradh a-staigh & lèirmheasan cunbalach Co-òrdanachadh obair-ealain agus cùm mìosachain ùraichte Dreach fiosrachadh airson dealbhan, obair-ealain agus cruthachadh susbaint Dèan cinnteach gu bheil smachd agus ùrachadh ga dhèanamh air stuthan (bathar) margaidheachd Cumail eòlas air priomh għluasadan agus innleachdan gniomhachais gus aithris air ais don sgioba Taic rianachd coitcheann Rannsaich dòighean cruthachail gus branndairean MG ALBA a bhrosnachadh thar ùrlaran didseatach 				

- Cuir ri beachdan airson iomairtean margaidheachd agus susbaint didseatach.
- Comharrach dòighean sgiobalta airson fiosrachadh a chlàradh agus a cho-roinn thar sgiobaidhean
- Leasaich sgilean margaidheachd didseatach tro ionnsachadh leantainneach
- Freagairt ri ceistean làitheil bhon ph-dealain “conaltradh”, a’ toirt cùisean gu aire dhaoine eile nuair a bhios sin iomchaidh
- Cur ri gnìomhachd meadhanan sòisealta, far a bheil feum air
- Cruthaich clàran-gnothaich choinneamhan agus notaichean bho choinneamhan
- Taic le tagraighean airson dhuaisean
- Sùbailteachd a bhith ag obair agus a bhith an làthair aig tachartasan margaidheachd agus gnìomhachd

Fad:

Teirm-shuidhichte (2 bhliadhna) le ùine dearbhaidh soirbheachail 6 mìosan

Sgilean agus Eòlas

	Riatanach	Miannaichte
Teisteanasan / eòlas-beatha	<ul style="list-style-type: none"> Ùidh anns na meadhanan, conaltradh agus margaidheachd didseatach Miann sgilean ùra a leasachadh & ionnsachadh 	<ul style="list-style-type: none"> Eòlas ann an conaltradh, rianachd gnìomhachais, margaidheachd didseatach no meadhanan sòisealta Ùidh ann an eòlas luchd-cleachdaidh, ùr-ghnàthachadh didseatach agus anailis
Feumalachdan càinain	<ul style="list-style-type: none"> Fileanta sa Ghàidhlig 	
Sgilean	<ul style="list-style-type: none"> Conaltradh làidir, sgrìobhte agus labhairteach Comas a bhith a' sealltainn dòigh-obrach dèandach Àrd-eagraichte Sùil airson mion-fhiosrachadh Co-obrachadh For-ghnìomhach 	<ul style="list-style-type: none"> Microsoft Bathar-bog stiùireadh pròiseict Cruthachadh susbaint mheadhanan sòisealta <i>Copywriting</i>
Eòlas	<ul style="list-style-type: none"> Tuigse air adhbhar-bith MG ALBA Rianachd gnìomhachais Meadhanan sòisealta & margaidheachd didseatach MG ALBA agus branndairean 	<ul style="list-style-type: none"> Cruth-tìre nam meadhanan Gàidhlig nas fharsainge
Modhan- giùlain	<ul style="list-style-type: none"> Tog dàimhean gu furasta Dòigh dèanadais Dìcheallach Sgilean fuasgladh-cheistean Dòigh-inntinn a tha ag amas air fuasglaidhean Aire gu mion-fhiosrachadh Ionracas Eearbsachd Sgilean eadar-phearsanta Gu nàdarra fiosrachail & rannsachail 	<ul style="list-style-type: none"> Mothachail gu sòisealta

Sanas

Mar Phreantas Ùr-nòsach: Neach-taic Margaidheachd Didseatach, bidh sibh nur pàirt riatanach den sgioba margaidheachd againn, a' faighinn eòlas ann an diofar thaobhan de mhargaidheachd didseatach. Bheir sibh taic do ar n-oidhirpean gus faicsinneachd brannd àrdachadh agus ar luchd-amhairc targaidte a thoirt a-steach thar ùrlaran didseatach.

Tha cothroman trèanaidh is leasachaiddh air an toirt seachad gus dèanamh cinnteach gun urrainn don neach-dreuchd comas a nochdadh thar raon dhleastanasan na roinne.

Airson a bhith soirbheachail san dreuchd seo, bu chòir do thagraichean beus obrach làidir, dòigh-obrach for-ghníomhach agus dòigh-obrach dèanadach a nochdadh. Tha sealladh dèanadach, inntinn co-obrachail, agus dioghras airson margaidheachd didseatach cuideachd deatamach airson cur ri soirbheachas na sgioba. Bidh thu for-ghníomhach agus toilichte a bhith ag obair aig amannan gun stiùireadh a' coileanadh thargaidean is cinn-ama aontaichte.

Còmhla ri tuarastal tarraingeach, bidh cothrom agad cuideachd air raon de shochairean, a' gabhail a-steach:

- Sgeama peinnsein - 10% tabhartas bhon chompanaidh, 5% a bharrachd ma thèid a mhaidseadh
- 31 làithean-saora bliadhnaile agus 6 làithean-poblach
- Cothroman ballrachd *gym*
- Cleachdaidhean obrach sùbailte agus càirdeil do theaghlaichean
- Sgeama Rothaireachd gu Obair
- Ag obair airson fastaiche a fhuaire aithne mar Investors in People (Platinum), We Invest in Wellbeing (Òr) agus Investors in Young People (Òr).
- Taic gluasaid ri fhaighinn, far a bheilear a' coinneachadh ri slatan-tomhais

Ceann-latha dùnaidh airson tagraichean - Dihaoine 26 Iuchar 2024, cha ghabhar ri tagraichean fadalach.

Stiùireadh airson Tagradh:

Feuch an cuir thu do CB agus litir-chòmhdachaidh gu laura.rennie@mgalba.com a' mineachadh carson a bu chòir beachdachadh ort agus do thugse air mar as urrainn dhut an dreuchd a choileanadh gu soirbheachail.

MÒRAN TAING!

